

Leugh Modal 1 Aonad 1 agus 2

Dealbh-chluich

Ceitidh aig an àrd-sgoil

Sgeulachd 1 (Aonad 1)

It's Ceitidh's first day at high school. On the bus to school a boy gets on and sits beside her.

- Màrtainn:** Hai! Dè an t-ainm a th' ort?
Ceitidh: Is mise Ceitidh. Dè an t-ainm a th' ort fhèin?
Màrtainn: Is mise Màrtainn.
Ceitidh: Hallò, a Mhàrtainn.
Màrtainn: Dè tha dol?
Ceitidh: Chan eil mòran.

They chat until the bus arrives at the school.

- Màrtainn:** Tìoraidh, a Cheitidh!
Ceitidh: Tìoraidh an-dràsta, a Mhàrtainn.

In the playground, Ceitidh spots a girl from her old school. She is with someone Ceitidh doesn't know.

- Ceitidh:** Eilidh! Eilidh!
Eilidh: Seadh? Ò sin thu, a Cheitidh! Hallò!
Ceitidh: Hai!
Eilidh: A Cheitidh, 's e seo Ealasaid.
Ealasaid: Hallò!

Ceitidh tells the girls about the boy that spoke to her on the bus - she quite likes him! The girls try to spot her new friend. Now she wishes she hadn't said a word!

- Eilidh:** An e sin Màrtainn?
Ceitidh: Chan e.
Ealasaid: An e sin e?
Ceitidh: Chan e.

Just then Ceitidh spots Màrtainn. He waves and starts to walk over.

- Eilidh:** An e sin e? An e sin Màrtainn?
Ceitidh: Chan e!
Ealasaid agus Eilidh: 'S e! 'S e sin Màrtainn! Òoo! Hai, a Mhàrtainn!
Ceitidh: Obh obh!



Sgeulachd 2 (Aonad 2)

Later that same day, Eilidh arrives at her first Gaelic class and can't see anyone she knows. A few moments later, she's glad to see Ceitidh coming in.

- Eilidh:** A Cheitidh! A Cheitidh!
Ceitidh: Hai, Eilidh! Ciamar a tha thu?
Eilidh: Chan eil dona tapadh leat. Ciamar a tha thu fhèin?
Ceitidh: Tha gu math. Dè tha dol?

Eilidh doesn't get a chance to answer because just at that moment their Gaelic teacher, Mr Ross arrives.

- Mgr Ros:** Feasgar math. Is mise Maighstir Ros.
Clas: Feasgar math, a Mhaighstir Rois.
Mgr Ros: Ciamar a tha sibh?
Clas: Tha gu math, tapadh leibh.

Mr Ross calls the register. Some people are missing.

- Mgr Ros:** A Cheitidh?
Ceitidh: Seadh.
Mgr Ros: Eilidh?
Eilidh: Seadh.
Mgr Ros: A Dhòmhnail? A Dhòmhnail?

Dòmhnail isn't there, so Mr Ross moves on to the next name on the list.

- Mgr Ros:** A Chaluum? A Chaluum?

Just then the door opens.

- Eilidh:** 'S e sin Calum.
Mgr Ros: An e Calum an t-ainm a th' ort?
Calum: 'S e.
Mgr Ros: Feasgar math, a Chaluum. Is mise Maighstir Ros.
Calum: Feasgar math, a Mhaighstir Rois.

Calum explains to Maighstir Ros why he is late. He says he had to take his friend Dòmhnail to the school nurse.

- Calum:** Chan eil Dòmhnail gu math. Tha e cho tinn ri cù.
Mgr Ros: Obh obh!

It's the end of a long day and Ceitidh feels tired as she gets on to the bus home. However, she perks up a bit when she sees Màrtainn getting on! He sits beside her again.

- Màrtainn:** Hai, a Cheitidh! 'S fhada on uair sin.
Ceitidh: Hallò, a Mhàrtainn! Ciamar a tha thu?
Màrtainn: Tha gu dòigheil, tapadh leat. Ciamar a tha thu fhèin?
Ceitidh: Tha gu math.

